

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir- gnothaich	8
Àir. Aithisge	HC/15/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 27 Lùnastal 2025

Tìotal Aithisge: Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig – 2025/26

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fiosrachadh a thoirt do Bhuill Chomataidh na Gàidhlig mun iarrtas tabhartais a chaidh a chur gu Riaghaltas na h-Alba airson Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig 2025/26 agus cothrom a thoirt seachad beachdachadh air na pròiseactan dhan toir am maoineachadh seo taic.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near:

- i. do na trì pròiseactan agus do na toraidhean a tha air am mìneachadh ann an iarrtas Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;
- ii. dhan phrògram obrach dham bi an tabhartas a' toirt taic agus gu bheil iad seo air an atharrachadh seach nach deach an t-suim iomlan fhaotainn; agus
- iii. dhan mheudachadh san tabhartas Ghàidhlig a tha air a thabhann le Riaghaltas na h-Alba.

3. Buaidhean

3.1 Goireas

Tha am maoineachadh a tha air a thoirt seachad le Riaghaltas na h-Alba tro Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) a' toirt seachad taic luachmhor do raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle a' libhrigeadh nan dleastanasan aice fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid air a chleachdadh airson Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a libhrigeadh. Ged a tha seo susbainteach agus fàilte air, bu chòir toirt fa-near gu bheil a' mhòr-chuid de chaiteachas Gàidhlig na Comhairle a' tighinn bho phrìomh bhuidseatan na Comhairle.

Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8.3M. Chaidh an t-iarrtas a chur a-steach air 19 Dùbhlachd 2024. Air 30 Giblean 2025, chaidh tabhartas de £940,000 a thoirt dhan Chomhairle co-cheangailte

ri cosgais a bhith a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig. B' e àrdachadh de £25,000 a bha seo an coimeas ri tabhartas na bliadhna roimhe.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoineachadh a bharrachd tro thagraidhean airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig agus maoineachadh calpa airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba.

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

3.3 Cunnart

Tha buidseat Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba mar as trice a' faighinn mòran iarrtasan agus tha sin a' ciallachadh gu bheil an t-suim iomlan a tha a' Chomhairle ag iarraidh gu math dùbhlach. Mar thoradh, feumar ath-mheasadh a dhèanamh air na pròiseactan san iarrtas agus an atharrachadh a rèir a' ghoireis a tha ri fhaotainn.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) Chan eil gin.

3.5 Gàidhlig

Tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil a' Chomhairle àrd-amasach mu bhith a' gleidheadh is a' fàs na Gàidhlig thar nan roinnean is nam buidhnean-aoise uile agus a' cur luach air buannachdan foghlamach, sòisealta, cultarach is eaconamach a' chànain.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Adhbhar

5.1 Tha Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig air a thoirt seachad airson comas a thoirt dhan Chomhairle na builean a tha air am mìneachadh mu choinneamh trì cinn pròiseict a choinneachadh. Tha na builean pròiseict co-cheangailte ri Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, agus ri gealltanais Foghlam Gàidhlig a chur air adhart.

5.2 Tha Riaghaltas na h-Alba air mìneachadh gu bheil cuideam a' sìor fhàs air buidseat na Gàidhlig agus seach nach deach seo àrdachadh gun robh coltas ann nach

deidheadh an t-iarrrtas iomlan againn a thoirt seachad agus tha seo air tachairt airson grunn bhliadhnaichean a-nis. Ach, bha Sgioba na Gàidhlig soirbheachail ann a bhith a' gleidheadh àrdachadh san tabhartas an coimeas ris an-uiridh agus tha seo air barrachd misneachd a thoirt do Sgioba na Gàidhlig airson pròiseactan na bliadhna seo.

- 5.3 Tha an clàr a leanas a' toirt seachad foir-shealladh de Thabhartas Sònraichte na Gàidhlig a chaidh a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd sna sia bliadhnaichean mu dheireadh. Tha gach pròiseact agus an goireas a th' air a thoirt seachad cuideachd air a ghabhail a-steach san fhiosrachadh.

	24/25	23/24	22/23	21/22	20/21	19/20
The total amount received via the Gaelic Specific Grant	£915,000.00	£905,000.00	£910,000.00	£910,000.00	£905,000.00	£905,000.00
Project 1 – Gaelic Planning, Policy Implementation and Resources	£147,691.00	£132,457.00	£162,817.00	£159,536.00	£161,173.00	£150,422.00
Project 2 – Gaelic in the Home and in Communities - Learning & Development Projects including 0-3	£142,660.13	£141,794.00	£133,449.00	£126,527.00	£83,191.00	£77,795.00
Project 3 – Gaelic in Early Learning and Childcare, Primary and Secondary Education	£624,648.87	£630,749.00	£613,734.00	£623,937.00	£660,636.00	£676,783.00

Tha am foir-shealladh a' toirt seachad am fiosrachadh a leanas:

- Tha **cosgaisean luchd-obrach foghlaim** air an riarachadh as àirde dhen mhaoineachadh fhaotainn, a' sealltainn fòcas làidir air caiteachas airson foghlam Gàidhlig bho 3–18.
- Tha **pròiseactan coimhearsnachd agus ionnsachadh dachaigh** air barrachd tasgaidh fhaicinn sna bliadhnaichean mu dheireadh.
- Tha **maoineachadh ghoireasan poileasaidh is planaigh** air a bhith caochlaideach ach a' fuireach an ìre mhath seasmhach.

6. Cùl-raon a thaobh adhbhar is riatanasan Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig

- 6.1 'S e prìomh adhbhar Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig cuideachadh le bhith a' coinneachadh nan targaidean a tha air an suidheachadh le Plana Nàiseanta na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig agus Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd) ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' mealtainn spèis co-ionann ris a' Bheurla. Tha dleastanasan aig ùghdarrasan ionadail air fad fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 taic is brosnachadh a thoirt dhan Ghàidhlig agus tha seo air a shealltainn ann an iarrrtas Chomhairle na Gàidhealtachd airson Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.

Tha an tabhartas a' toirt seachad taic do phròiseactan ùra is làithreach a tha no a bhitheas comasach air an luach a thaisbeanadh ann a bhith a' cur taic ri fàs ann am foghlam Gàidhlig.

- 6.2 Prìomh amasan/builean an tabhartais:

- Brosnaich a' Ghàidhlig mar a thathar a' mìneachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016;
- Comasaich daoine òga gus ionnsachadh is taic fhaighinn sa chànan a roghnaicheas iad fhèin;
- Lìbhrig FtG ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd thar nam pròiseactan a tha air prìomhachas fhaighinn ann an iarrrtas 19 Dùbhlachd 2024; agus

- Crìochnaich ro Mhàrt 2026.

6.3 A' Cumail Sùil air Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig

Is iad na targaidean/clachan-mìle a bhios air an cleachdadh gus sùil a chumail air adhartas ann a bhith a' coileanadh mion-amasan/builean ris a bheil dùil:

- coinneachadh ris na feumalachdan foghlaim a tha air an comharrachadh ann an iarrtas tabhartais na Comhairle de 19 Dùbhlachd 2024 taobh a-staigh nan cinn-ama a chaidh a chur a-steach;
- Foghlam tron Ghàidhlig a chur air adhart aig gach ìre mar a chaidh a mhìneachadh san iarrtas;
- meudachadh a thoirt air follaiseachd is cleachdadh na Gàidhlig ann an àrainneachd na sgoile taobh a-muigh an t-seòmair-theagaisg;
- meudachadh a thoirt air na goireasan Gàidhlig a tha rim faotainn;
- riochdachadh an ùghdarrais ionadail aig coinneamhan ràitheil Lionra nan Ùghdarrasan Ionadail (*Gaelic Local Authority Network – GLAN*) far am bu chòir draghan sam bith mu mhaoineachadh no cosgais a thogail;
- aithisgean leth-bhliadhnail a thoirt do Riaghaltas na h-Alba le fiosrachadh mu chaiteachas agus a' mìneachadh adhartas mu choinneamh nam mion-amasan a chaidh a mhìneachadh san iarrtas; agus
- ri bhuileachadh ro Mhàrt 2026.

Is iad na cosgaisean ion-roghnach dham faod an tabhartas a bhith air a chleachdadh:

- cosgaisean a' buntainn ri bhith a' libhrigeadh feumalachdan foghlaim a tha air an comharrachadh ann an iarrtas maoineachaidh na Comhairle de 19 Dùbhlachd 2024.

6.4 Tha an tabhartas iomlan air a phàigheadh ann an earrannan ràitheil thar na bliadhna ionmhasail 2025/26 mar a tha air a shealltainn sa chlàr gu h-ìosal.

Mios Pàighidh	Suim
Cèitean 2025	£235,000
Sultain 2025	£235,000
Dùbhlachd 2025	£235,000
Màrt 2026	£235,000

7 Iarrtasan is Builean Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig 2025/26

7.1 Tha trì cinn pròiseict farsaing a' buntainn ri foghlam Gàidhlig air am mìneachadh san iarrtas:

Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig
 Pròiseact 2 – A' Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan –
 Pròiseactan Ionnsachaidh & Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3
 Pròiseact 3 – A' Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile is Àrd-sgoile

Tha iarrtasan pròiseict agus cosgaisean iomlan air am mìneachadh sa chlàr gu h-ìosal. Tha an tabhartas de £0.94M nas ìsle na an £1.3M a chaidh iarraidh. Air sàillibh seo, tha am maoinachadh pròiseict air atharrachadh thar gach pròiseact tro bhith a' mion-atharrachadh builean gach pròiseact.

	Pròiseact 1	Pròiseact 2	Pròiseact 3	IOMLAN
Cosgais Phròiseactan	315,546	195,171	7,815,715	8,326,432
Tabhartas Chomhairle na Gàidhealtachd	147,124	48,793	6,799,672	6,995,589
Iarrtas TSG	168,422	146,378	1,016,043	1,330,843

Clàr atharraichte gu h-ìosal stèidhichte air an tabhartas aontaichte de £0.94M.

	Pròiseact 1	Pròiseact 2	Pròiseact 3	IOMLAN
Cosgais Phròiseactan	315,546	195,171	7,815,715	8,326,432
Tabhartas Chomhairle na Gàidhealtachd	147,124	48,793	7,190,515	7,386,432
Iarrtas TSG	168,422	146,378	625,200	940,000

7.2 Builean Iarrtasan Pròiseict airson:

7.2.1 Pròiseact 1 – Planadh, Buileachadh Poileasaidh agus Goireasan Gàidhlig

- Thoir seachad stiùir ro-innleachdail airson na Gàidhlig taobh a-staigh nan raointean prìomhachais sònraichte ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 (PG);
- Aontaich agus libhrig plana buileachaidh ùraichte agus buidheann-obrach thar-seirbheis airson Plana na Gàidhlig;
- Dèan cinnteach à dòigh-obrach thar na Gàidhealtachd air fad airson dèanamh cinnteach gu bheil cothromachd ann a thaobh solar ghoireasan agus libhrigeadh pròiseict;
- Dèan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig anns a' Ghàidhealtachd air a cur air adhart gu gnìomhach agus gu bheilear a' dèanamh barantas càileachd taobh a-staigh frèam-obrach coileanaidh is riaghlachais agus gu bheil i a' freagairt air feumalachdan nan coimhearsnachdan againn air fad;
- Libhrig co-labhairt le fòcas air eaconamaidh na Gàidhlig;
- Thoir taic agus cuideachadh do choimhearsnachdan ionadail gus a' Ghàidhlig a dhaingneachadh sna Planaichean Àite Ionadail aca; agus
- Cùm sùil air leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig agus, far a bheil sin a dhìth, leasaich poileasaidhean a tha a' neartachadh a sholair, a' dèanamh cinnteach à taic ro-innleachdail airson luchd-foghlaim, luchd-ionnsachaidh, sgoiltean agus coimhearsnachdan.

7.2.2 Pròiseact 2 – A' Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan – Pròiseactan Ionnsachaidh & Leasachaidh a' gabhail a-steach 0–3

A' Ghàidhlig san Dachaigh agus ann an Coimhearsnachdan:

- Libhrig cothroman gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach taobh a-staigh co-theacsa coimhearsnachd, a leithid turasan ionnsachaidh còmhnaidheach is iomlaideach do dh'inbhich;

- Cruthaich goireas cànan Gàidhlig air-loidhne do phàrantan FtG, gus taic a chur ri cànan na Gàidhlig anns an dachaigh;
- Lean air adhart a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd leis a' phrògram ghnìomhan aca sa Gàidhlig;
- Tabhainn prògram adhartach de chlasaichean Gàidhlig airson ionnsachadh inbheach stèidhichte sa choimhearsnachd;
- Air stèidh bhliadhna cuir air dòigh tachartasan trèanaidh airson oidean Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd;
- Cuir air dòigh bùithtean-obrach phàrantan 'FtG agus Buannachdan Dà-chànanais', ag amas air pàrantan nan tràth-bhliadhnaichean;
- Cuir air dòigh iomairtean ionnsachadh teaghlaich agus tachartasan brosnachaidh gus taic a chur ri pàrantan is sgoilearan FtG;
- Cuir air dòigh agus libhrig Seachdain Ionnsachadh Teaghlaich Nàiseanta ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig;
- Lean air adhart a' tabhann seata de chlasaichean Gàidhlig adhartach gus taic a chur ris a' Ghàidhlig anns an dachaigh;
- Libhrig raon de thachartasan coimhearsnachd, a' gabhail a-steach cothroman airson gnìomhan eadar ginealaichean; agus
- Rannsaich iomairtean le buidhnean com-pàirteach gus fiosrachadh fhaighinn mu far a bheil seann sgoilearan FtG air cumail a' dol le sgoilearachd ann am foghlam adhartach. Thèid toraidhean an rannsachaidh a cho-roinn le luchd-ùidhe.

Coimhearsnachd na Gàidhlig ann an TICC & Cùram-chloinne:

- Libhrig am plana trì-bliadhna Breith gu Trì Gàidhlig; agus
- Cuir ri goireas Fàs Foghlaim, agus dèan cinnteach gu bheil e a' co-thaobhadh ris a' Phlana Nàiseanta le bhith a' leasachadh duilleag fiosrachaidh air FtG, agus ùraich leabhar-làimhe fiosrachaidh Chomhairle na Gàidhealtachd do phàrantan.

Coimhearsnachd na Gàidhlig sa Bhun-sgoil:

- Thoir taic do agus meudaich gnìomhan neo-churraicealach a tha air an libhrigeadh tron Ghàidhlig;
- Ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig;
- Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs is ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd;
- Lean air adhart ag obair còmhla ri Ainmean-Àite na h-Alba gus cùrsa ainmean-àite na Gàidhlig a leasachadh do sgoilearan bun-sgoile FtG;
- Lean air adhart a' leasachadh phlanaichean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, cuir tachartasan air dòigh gus aire a thogail agus lean air adhart ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail tron bhuidhinn nàiseanta Gàidhlig GLAD;
- Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG glèidh maoineachadh bhon taobh a-muigh gus taic a chur ri leasachadh ghnìomhan neo-churraicealach is iomairtean coimhearsnachd, libhrig làithean cultarach Gàidhlig ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG fa leth agus lean air adhart a' tabhann chlasaichean ealain Ghàidhlig do chloinn;

- Thoir seachad prògraman de ghnìomhan is de thachartasan Gàidhlig rè saor-làithean na sgoile gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh taobh a-muigh foghlam foirmeil;
- Obraich le raon bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan spòrs a libhrigeadh agus cothroman ceannardais spòrs do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd;
- Thoir taic do thachartasan spòrs nàiseanta agus do thachartasan spòrs ann an sgìre na Gàidhealtachd a leithid Cuach na Cloinne agus Cupa Iomain na h-Òige airson sgoilearan bun-sgoile FtG;
- Obraich le sgoiltean agus raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan ealain, ciùil is cultair Gàidhlig a libhrigeadh do sgoilearan FtG;
- Obraich ann an co-bhann le sgoiltean FtG gus planaichean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd a leasachadh is a bhuileachadh, airson taic a chur ris an sgoil, ri sgoilearan, agus ri coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd;
- Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, lean air adhart a' gleidheadh maoineachadh bhon taobh a-muigh gus taic a chur ri leasachadh ghnìomhan neo-churraicealach agus iomairtean coimhearsnachd; agus
- Neartaich agus thoir tuilleadh leasachaidh air ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd taobh a-staigh nan sgoiltean sa bheil Gàidhlig a-mhàin ann an sgìre na Gàidhealtachd.

Ceimhearsnachd na Gàidhlig san Àrd-sgoil:

- Meudaich an taic lìonrachaidh do sgoilearan FtG anns na h-àrd-sgoiltean a tha co-cheangailte ris na sgoiltean sa bheil Gàidhlig a-mhàin;
- Libhrig agus cuir air dòigh pròiseact bliadhnaile Seachdain nan Deugairean do sgoilearan FtG àrd-sgoile a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig;
- Cuir air dòigh turasan còmhnaidheach Gàidhlig a bhios a' brosnachadh na Gàidhlig, agus ceanglaichean cànan is cultair eadar dùthchannan Ceilteach;
- Obraich ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus prìomh bhuidhnean ionadail agus nàiseanta gus tachartas dreuchdan Gàidhlig àrd-sgoile a libhrigeadh gach bliadhna;
- Meudaich gnìomhan neo-churraicealach a th' air an libhrigeadh tron Ghàidhlig agus ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig;
- Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs is ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd; agus
- Obraich le buidhnean Gàidhlig a leithid Chomunn na Gàidhlig (CnaG), Iomain Cholm Cille (ICC) agus FC Sonas, a bharrachd air High Life na Gàidhealtachd (HLG) gus tachartasan spòrs Gàidhlig nàiseanta is ionadail a libhrigeadh; agus
- Lean air adhart a' libhrigeadh tachartas coidsidh Ceannardas Spòrs Gàidhlig Àrd-sgoile.

7.2.3 Pròiseact 3 – A' Ghàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile is Àrd-sgoile

Leasan Beò 1+2 C3:

- Fòcas air sgoiltean nach eil aig an àm seo a' libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd agus air sgoiltean a tha, ach aig a bheil tidsearan ùra a tha feumach air taic gus a' Ghàidhlig a libhrigeadh mar C3;

- Thoir taic do thidsearan le bhith a' toirt seachad taic dhìreach le teagasg sa Ghàidhlig, a tha ag amas air an cuid misneachd a thogail gus an gnìomh ionnsachaidh a libhrigeadh sa chlas aca, a' toirt cothrom air ionnsachadh a dhaingneachadh barrachd às dèidh nan leasan a tha air an stiùireadh le tidsear a' chlasa; agus
- Tro bhith a' comharrachadh ghoireasan eile a tha rim faotainn a leithid modalan 1+2 Gàidhlig, dùbhlain GLEANS, is goireas Hub Didseatach na Gàidhealtachd, thathar an dùil gun lean na sgoiltean seo air adhart a' libhrigeadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

Trèanadh 1+2:

- Thoir seachad cothrom do thidsearan ann an sgoiltean Gàidhlig C3 agus ann an sgoiltean eile eòlas a chur air briathrachas is structaran sa ghoireas Go!Gaelic;
- Comharraich na goireasan ionnsachaidh a tha rim faotainn air-loidhne agus mol com-pàirteachas sna Leasan Beò mar an ath cheum; agus
- Meudaich an àireamh thidsearan as urrainn a' Ghàidhlig a libhrigeadh mar chànan a bharrachd sa chlas.

Ionnsachadh Proifeiseanta Gàidhlig:

- Co-òrdanaich agus libhrig seiseanan ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd do thidsearan FtG gus taic a chur ri builean ro-innleachd litearrachd sa Ghàidhlig;
- Oobraich ann an com-pàirteachas le buidhnean foghlaim Gàidhlig gus prìomh phoileasaidhean litearrachd Foghlaim Alba airson na Gàidhlig a leasachadh is a chuideachadh;
- Thoir seachad taic do luchd-cleachdaidh FtG taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail a thaobh leasachaidhean litearrachd sa Ghàidhlig; agus
- Cruthaich buidhnean obrach agus lìonraidhean luchd-cleachdaidh gus taic a chur ri leasachadh Pròiseact Litearrachd na Gàidhealtachd sa Ghàidhlig.

Leasachadh na Gàidhlig san Ìre as Àirde:

- Oobraichidh oifigearan foghlaim gu gnìomhach is gu cunbhalach gus ionnsachadh proifeiseanta Gàidhlig agus bùithtean-obrach is lìonraidhean aghaidh ri aghaidh is air-loidhne a chur air adhart do cho-obraichean foghlaim.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 08 Iuchar 2025

Ùghdar: Lena Walker, Oifigear Taic Foghlaim

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach

Eàrr-ràdhan: Chan eil gin